



Tiotal: Siùrsachd/A' pàigheadh airson feise

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a' leudachadh agus a' cur ris na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdad a ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</p>	<ul style="list-style-type: none">A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich daoin' òga mu shiùrsachd bho thaobh an lagh, beachdan an t-sluaigh agus cron air daoine fa leth.
- Gu bheil siùrsachd air a mheas mar dhubb-shaothrachadh feiseil.

Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Tha mi ag aithneachadh agus 's urrainn dhomh bruidhinn air na diofar bheachdan sluaigh air siùrsachd.
- Tha mi a' leasachadh agus a' cur an cèill mo bheachdan fhìn air siùrsachd.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air na cunnartan a tha mu choinneamh, agus an cron a thathas a' dèanamh air daoine a tha ag obair ann an siùrsachd.
- Tha mi a' tuigsinn gur e mi-chleachdad cumhachd a th' ann an 'reic feise'.

NÒTA: 'S d' fhiach cuimhneachadh gum faod dubh-shaothrachadh feiseil tachairt ann an iomadach dòigh, gum faod neach òg a bhith air am fòirneadh no a rèir an t-suidheachaidh gum bi feiseil air a chleachdad mar phàigheadh airson biadh, àite-fuirich, deoch-làidir no dòn. Ann an stuthan RSHP aig an Treas/a' Cheathramh ìre tha cothroman ann ionnsachadh mu **Dhroch-dhìol agus Dàimhean** a tha a' còmhach grumadh, dubh-shaothrachadh feiseil agus fòirneart. Aig an Treas/a' Cheathramh ìre **Dàimhean Romansach agus Gaoil** agus aig Àrd ìre **Dèan gu math e** tha cothroman ann bruidhin mu na dàimhean a tha daoin' òga ag iarraidh.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairtean còmhraidih/Prop Rudan a bhios daoine ag ràdh mu shiùrsachd
- Film: Money and Power: Commercial Sexual Exploitation in Scotland
<https://youtu.be/fCYIJCGO2Gw> (faid 7 mion. 19)
- Film: Real Men Don't Pay: Rachel Moran - Taisbeanadh Ted X
<https://www.youtube.com/watch?v=9bkpotR3L4k> (faid 10 mion. 33)

Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: Tha an seisean seo mu phàigheadh airson feise, mar as trice canar siùrsachd ris an seo. Tha iomadh dòigh ann sam faodadh neach a bhith air fhòirneadh gu dhol an sàs ann am feise, no gu bhith fo smachd cèile. Tha an leasan seo gu sònraichte mu bhith a' pàigheadh airson feise. Faodaidh beachdan gu math làdir a bhith aig daoine air a' chuspair seo. Tha diofar fhaclan gan cleachdadhl nuair a bhios daoine a' bruidhinn air a' chuspair seo agus mar sin 's d' fhiach beagan mhionaidean a chosg a' smaoineachadh mun chànan anns na slaghdean a leanas.

Mar thidsear/neach-foghlaim dèan measadh air tuigse agus brosnaich còmhchradh mar a tha thu a' dol air adhart. A bheil annas no ceistean sam bith agad timcheall air na ciad shlaighdean seo? Brosnaich deasbad goirid, ach abair gum faodadh cuid a bhith air am freagairt mar a tha an leasan a' dol air adhart. (Sgaoil an stuth seo thairis air barrachd shlaighdean ma tha cus fiosrachaидh ann airson a' bhuidheann agadsa.)

Faclan a chluinneas/chleachdas sinn.

Siùrsachd 'S e seo am facal a bhios daoine a' cleachadh airson a' ghnìomhachais stèidhichte air reic feise. Ach cha chleachdadhl sinn am facal siùrsach airson neach bhon a thathar ga mheas na fhacal leamh, mar gun robh sinn a' cur leubail neo-dheimhinneach air cuideigin.

A' ceannach feise 'S e seo a tha sinn a' ciallachadh san fharsaingeachd nuair a bhios sinn a' bruidhinn air siùrsachd, ach faodaidh feise a bhith a' ciallachadh diofar rudan do dhiofar dhaoine. 'S e an fhìrinnd do boireannaich a tha an sàs ann an siùrsachd gu bheil fòirneart agus tàmailt tric na phàirt de feise.

Gníomhachas na feise/Neach-obrach feise Canaidh mòran gu bheil measadh siùrsachd mar ghnìomhachas na feise a' lùghdachadh a' chron a tha e a' dèanamh air an fheadhainn a tha an sàs ann. Mar sin tha e nas cuideachaile agus nas mothachaile an teirm fireannaich aigus boireannaich a tha an sàs ann an gníomhachas na feise a chleachdadhl seach luchd-obrach feise no siùrsach.

Ged a dh'faodas an dà chuid fireannaich agus boireannaich a bhith an sàs ann an siùrsachd, 's e boireannaich a tha sa mhòr mhòr-chuid. Tha timcheall air 75% de na daoine a tha ag obair ann an siùrsachd nam boireannaich, tha 20% nam fireannaich agus tha 5% trans/neo-bhìnearaidh. 'S e fireannaich a th' anns a' mhòr mhòr-chuid de dhaoine a bhios a' ceannach feise.

Trafaigeadh dhaoine 'S e seo giùlan dhaoine bho aon àite gu àite eile airson an cur a dh'obair, no airson an reic, airson feise. Ma tha an neach gan reic airson feise, 's e eucoir de thoirt am bruid agus èigneachadh a th' ann. Thathas den bheachd gu bheil 1.4 millean neach air an t-saoghal a chaidh an trafaigeadh agus an cur a dh'obair ann an siùrsachd. Tha mòran dhaoin' òga so-leònte bhon a chaidh an tràigsinn len teaghlaichean, no bhon nach eil inbhich shàbhailte agus earbsach aca nam beatha.

Tràilleachd san latha an-diugh Chanadh cuid de dhaoine gu bheil obair ann siùrsachd na phàirt de thràilleachd, gu bheil do bhodhaig ga reic mar gur e rud a bh' annadsa ri cheannach no fhaighinn air màl. Chan eil smachd aig tràill, no saorsa, tha iad air an cleachdadhl agus tha iad a' fulang droch-dhiol bho neach eile.

Àireamhan an sàs. Tha e air a thuairmse gu bheil eadar 58,000 agus 72,800 neach san RA an sàs ann an siùrsachd.

Tro chòmhchradh 's dòcha gun d' fhiach aideachadh gum bi fios aig daoin' òga air diofar rudan mu sheòrsaichean siùrsachd ach gur dòcha nach ann mar sin a tha iad ga thuiginn – mar sin, mar eisimpleir an fheadhainn a bhios a' cleachdadhl an eadar-lìn airson obair, 's dòcha tro chraoladh beò.

2. **Rudan a bhios daoine a' ràdh mu shiùrsachd.** Tòisich le bhith a' faighneachd dha na daoin' òga: **A-nis agus sibh air am fiosrachadh seo a chluinntinn: Dè ur beachdan air siùrsachd?** Às dèidh èisteachd le beagan bheachdan aidich/mìnich gum faod diofar bheachdan a bhith aig daoine air siùrsachd agus air ceannach 's reic feise. Cluinnidh sibh tric daoine ag ràdh rudan mar seo ('s dòcha gum bi daoine òga air cuid dhe na rudan seo a ràdh). Seall an slaighd:

Rudan a bhios daoine ag ràdh mu shiùrsachd:

- 'S e taghadh a th' ann.
- 'S e obair a th' ann.
- 'S e seirbheis fheumail a th' ann an siùrsachd do fhireannaich aonranach.
- Bidh fireannaich an-còmhnaidh ag iarraidh gum bi siùrsachd ann.
- Chan eil gnothach aig siùrsachd ri trafaigeadh dhaoine.
- Chan eil e a' dèanamh cron sam bith air na boireannaich.
- Bidh boireannnaich no fireannaich a tha an sàs ann an siùrsachd a' dèanamh tòrr airgid.
- Cha tèid againn air cur às do shiùrsachd gu bràth.

3. Priont na h-earrannan agus an teacsa nan cois (faic am prop). Geàrr a-mach iad airson 's gum bi sleath earrannan agad ri sgaileadh. Iarr air na daoin' òga obrachadh ann am buidhnean beaga, na cairtean a chur air bòrd airson 's gum faic iad na h-earrannan 's gum faod iad an taghadh tè mu seach, an earrann a leughadh agus an teacsa, an uair sin sgrùdadhbh a dhèanamh air na beachdan aca air a' cheist a chaidh a chur. Dh'fhaodadh àireamh bheag de chairtean eadar-dhealaichte a bhith aig gach buidheann - air an cur air dòigh gus na na cuspairean a chòmhachd. Às dèidh deasbad till na buidhnean còmhla agus dèanaibh sgrùdadhbh air beachdan. (Fiosrachadh air a thogail bhon bhuidheann European Women's Lobby www.womenlobby.org a tha a' faighinn taic bhon Aonadh Eòrpach) Dè am beachd air na freagairtean dha na h-earrannan? Agus dhe na ceistean a chaidh fhaighneachd?

4. **Siùrsachd ann an Alba.** San fhilm seo tha boireannaich a tha ag obair an lùib siùrsachd a' bruidhinn mun bhuaidh a th' aige orra, agus tha boireannaich agus fireannaich phroifeiseanta a' bruidhinn mu fheumalachdan bhoireannach so-leònte agus mar a dh'fheumas sinn na beachdan againn atharrachadh ann an Alba.
- Money and Power: Commercial Sexual Exploitation in Scotland** <https://youtu.be/fCYIJC02Gw> (faid 7 mion. 19)

5. **An lagh:** Mìnich gu bheil laghan mu shiùrsachd sa h-uile dùthaich. Ann an cuid de dhùthchannan tha e laghail a bhith ag obair ann an siùrsachd agus ann an cuid eile tha e mi-laghail. Ann an cuid de dhùthchannan tha e laghail pàigheadh airson feise, ann an cuid eile tha e mi-laghail. Agus tric bidh laghan ann a thaobh a bheil e laghail no nach eil airgead a dhèanamh bho na boireannaich/fireannaich a tha an sàs ann. Seo na tha an lagh ag ràdh ann an Alba: Seall an slaighd/dèan cinnteach à tuigse.

Dè tha an lagh ag ràdh?

- Ann an Alba tha iomlaid sheirbheisean feiseil airson airgead (siùrsachd) laghail, ach tha e mi-laghail feise a reic ann an àite poblach, no ann an taigh-siùrsaich (ann an àite mar taigh no sauna far a bheil feise ga reic le grunn dhaoine).
- Tha e mi-laghail reic feise a chur air dòigh no bith-beò a dhèanamh far airgead a rinneadh a' dèanamh seo (pimping).

- Nuair a thig e gu ceannach feise, tha e mì-laghail feuchainn ri feise a cheannach ma tha thu ann an àite poblach, a' gabhail a-steach dràibheadh air an t-sràid (far a bheil siùrsachd a' tachairt air an t-sràid).

Lean air adhart leis an ath shlaighd agus a' cheist airson còmhradh ann am buidhnean beaga no mar aon bhuidheann mhòr.

- Tha Amnesty International ag ràdh nach bu chòir do dhaoine a tha ag obair ann an siùrsachd a bhith air am faicinn mar eucoraich bhon a dh'fhàgas sin iad nas so-leònte. Tha iad feumach air dòn. Tha laghan aig cuid de dhùthchannan a tha ag amas air na daoine a bhios a' ceannach feise, ag ràdh gur e an neach a tha a' pàigheadh a tha ceàrr.

Dè tha còir aig an lagh a dhèanamh?

6. **Fireannaich a tha a' pàigheadh airson feise.** Mìnich gu bheil thu airson fòcas a chur air fireannaich – agus air carson a bhios iad a' pàigheadh airson feise, agus carson a tha iad 's dòcha a' smaoineachadh gu bheil seo ceart gu leòr, no carson bu dòcha nach biodh fireannach a' smaoineachadh gun robh e ceart gu leòr. Thoir a-steach am film Ted X seo le bhith ag innse gur ann bho thaobh boireannaich a bha an sàs ann an siùrsachd a tha e, tha i ga faicinn fhèin mar neach a shàbhail a dh'aindeoin siùrsachd. **Real Men Don't Pay:** Rachel Moran Ted X presentation <https://www.youtube.com/watch?v=9bkpotR3L4k> (faid 10 mion. 33) Sna mionaidean mu dheireadh den t-seisean faigh fios-air-ais bho dhaoin' òga air na beachdan a tha a' togail ceann san fhilm.

Beachdan eile

- Aig an Treas/a' Cheathramh ìre tha na leasannan **Feisealachd Dhaoine agus Còraichean Feiseil** a' sgrùdadhbh bun-bheachd chòraichean feiseil. Mura h-eil na daoin' òga air na stuthan seo a chleachdadhbh mar-thà, bhiodh cothroman na lùib leudachadh a dhèanamh air còmhraighean a thogas ceann san leasan seo.
- Tha timcheall air 1.4 millean 'tràill feise' no 'sex slave' san t-saoghal an-diugh agus tha trafaigeadh eadar-nàiseanta a' fas nas bitheanta. Do dhaoin' òga aig a bheil ùidh sa chuspair – no airson a choimhead ma tha ùine clas ann an RSHP no ann an cuspair eile – chaidh am prògram aithriseach seo a chruthachadh mar phàirt de shreath air tràilleachd san latha an-diugh. Chaidh a sgrìobhadh agus a lìbhrigeadh leis an neach-naidheachd Rageh Omaar. Tha fianais sa phrògram bho bhoireannaich. Tha e freagarrach do sgoilearan S5/S6. Prògram Aljazeera 'Sex Slaves' (25 mion.) <https://www.aljazeera.com/programmes/slaverya21stcenturyevil/2011/10/20111010134454998749.html>

Do dhaoin' òg a tha ag iarraidh tuilleadh sgrùdadhbh a dhèanamh air a' chuspair seo:

- Tha an aithisg seo ag innse mu àite theicneòlasan didseatach agus an eadar-lìn ann a bhith a' reic feises/siùrsachd: *Behind the Screen:* https://strathprints.strath.ac.uk/62826/8/Cunningham_etal_TIS_2018_Behind_the_screen_commercial_sex_digital_spaces.pdf
- Tha an goireas seo a' dèiligeadh ri mòran de na cùisean a bhios a' deasbad a thaobh siùrsachd, a' gabhail a-steach ceadachadh laghail, co-dhiù as e eucoir anns nach eil duine a' fulang le bhith a' dèanamh argamaidean airson agus an aghaidh bheachdan: <https://prostitution.procon.org/view.resource.php?resourceID=000115>

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun obair seo.

Mar phàirt den ionnsachadh againn air an teirm seo mu Dhàimhean agus Slàinte Feise, tha sinn a' bruidhinn air siùrsachd. Bidh daoin' òga a' faighinn a-mach na tha an lagh ag ràdh agus mun bhuaidh a dh'fhaodas a bhith air an neach a tha an sàs ann an siùrsachd. Tha sinn airson gum bi daoin' òga comasach air bruidhinn mu chùisean mar seo sinn airson 's gum bi iad sàbhailte agus gun tuig iad gu bheil còir aca a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nan dàimhean pearsanta. Tha sinn airson an cuideachadh a' tuigsinn gu bheil pàirt sam bith de fheise no dàimhean a tha cronail no a' gabhail brath air neach eile ceàrr.

Notaichean Tidseir